



Teisteanais
Nàiseanta
STÒRASA

X832/77/01

**Gàidhlig
Sgrùdadh**

Marking Instructions

**Gàidhlig
Practical Criticism**

Please note that these marking instructions have not been standardised based on candidate responses. You may therefore need to agree within your centre how to consistently mark an item if a candidate response is not covered by the marking instructions.

General marking principles for Advanced Higher Gàidhlig: Practical Criticism

Always apply these general principles. Use them in conjunction with the detailed marking instructions, which identify the key features required in candidates' responses.

- (a) Always use positive marking. This means candidates accumulate marks for the demonstration of relevant skills, knowledge and understanding; marks are not deducted for errors or omissions.
- (b) If a candidate response does not seem to be covered by either the principles or detailed marking instructions, and you are uncertain how to assess it, you must seek guidance from your team leader.
- (c) Candidates should use their own words as far as possible, unless they are discussing or analysing a quotation. Do not award marks where a candidate merely re-writes sections of the text with no supporting analysis or comment.
- (d) Accept other answers than those in the marking instructions as long as they are relevant and appropriate. We use the term 'No freagairt sam bith eile a tha ionchaidh' to allow for the possible variation in candidate responses. Award marks according to the accuracy and relevance of candidates' answers.
- (e)
 - (i) For questions that ask candidates '**Mìnich . . .**' or ask '**Ciamar . . .**', they must relate cause and effect and/or make relationships between things clear.
 - (ii) For questions that ask candidates '**Seall mar . . .**', they must identify parts, the relationship between them, and their relationships with the whole.
 - (iii) For questions that ask candidates '**Carson, nad bheachd-sa . . .**', they must make a personal judgement based on the text and task.

Stiùiridhean Comharrachaidh

Teacsa 1 – Neo-fhicsean: Rosg

Ceist		Freagairt a thathar a’ sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
1.		<p>Dòchas/cinnt/brosnachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> • 'Reic mi an càr agam' - tha seo a' sealltainn gun robh i cinnteach mun rud a bha i am beachd a dhèanamh • 'bha mi fhèin mothachail nach robh mi cho fallain 's a b' àbhaist.' Cothrom toiseach ùr a dhèanamh • iomradh mun sgeama-rothaireachd - a' sealltainn gun robh i airson tòiseachadh ùr a dhèanamh <p>Faochadh</p> <ul style="list-style-type: none"> • nach fheum i a dhol air 'bus mì-chàilear 's dràibhear gruamach aig a' chuibhle.' <p>Briseadh-dùil</p> <ul style="list-style-type: none"> • iomradh air 'Ach thuig mi gu luath...' bha i a' tuigsinn gun robh i air mearachd mhòr a dhèanamh 	2	
2.		<p>A dhà a-mach à</p> <p>Tha tòrr fhaclan co-cheangailte ri cogadh:</p> <p>'A' sabaid'/'A' strì'</p> <p>Tha seo a' cur cuideam air cho cunnartach agus cho doirbh 's a tha rathaidean Ghlaschu</p> <p>'chaidh mo leagail' / 'chaidh mo leòn'</p> <p>Dh'fhuiling i gu pearsanta air raon a' bhlàir (rathaidean Ghlaschu)</p> <p>'Ghèill mi ris an nàmhaid'</p> <p>Chuir i cùl ris a' chogadh (na carbadan 4x4, làraidhean)/nach eil feum ann a' feuchainn ri rothair a chleachdadh</p>	2	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
3.	<p>Eisimpleirean freagairtean</p> <p>Feumaidh sgoilearan bualadh air coimeas cinnteach eadar dà bhaile airson 1 comharra</p> <p>Cunnart/sàbhailteachd</p> <ul style="list-style-type: none"> • tha i a' cleachdadh fhaclan mar 'tomadach' is 'cunnartach' airson dealbh a thogail de shuidheachadh eagalach air rathaidean Ghlaschu (nuair a tha thu air rothair) • tha i a' cleachdadh fhaclan mar 'chòir' airson sealltainn gu bheil luchd-rothaireachd nas sàbhailte agus a' faighinn barrachd urraim ann an Amsterdam/tha 'slighean fa-leth' <p>mì-chofhurtachd/Tlachd no misneachd</p> <ul style="list-style-type: none"> • tha i a' cleachdadh fhaclan mar 'misneachd' agus 'iomagain' gus sealltainn mar a thug an droch shuidheachadh ann an Glaschu buaidh air na faireachdainnean agus dòighean-smaoineachaidh aice • tha i a' togail dealbh gu math taitneach den t-suidheachadh ann an Amsterdam (barrachd dhaoine mun cuairt orm) gus an tuig sinn cho math 's a chòrd e rithe 	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
4.		<p>Tha Glaschu ann an droch shuidheachadh a thaobh slàinte 'baile a tha gu tric a' nochdadh aig bonn chlàran-slàinte agus dùil-aoise'</p> <p>Feumar dòighean a chur an gnìomh airson an suidheachadh seo a leasachadh 'bhiodh barrachd rothaireachd na buannachd mhòr'</p> <p>Ged nach toireadh adhartas a thaobh rothaireachd piseach air an t-suidheachadh gu lèir 'cha bhiodh tuilleadh rothaireachd a' fuasgladh thrioblaidean-slàinte a' bhaile air fad' 'S e ceum ('toiseach-tòiseachaidh') air an t-slighe a bhiodh ann</p>	3	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
5.	<p>Structar/puingeachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ìomhaigh gun bhrìgh! Seantans goirid a' sealltainn nach eil i a' gabhail ris na tha a' Chomhairle ag ràdh/Tha clisg-phuing air a chleachdadh a tha a' sealltainn nach eil i ag aontachadh leis na tha a' Chomhairle ag ràdh a tha iad a' dèanamh 'nach tèid an t-amas a choileanadh ann an Glaschu... mura bi maoinachadh no bun-structair ceart ann.' Tha an ellipsis/structar a' cur cuideam air a beachd nach tig adhartas air an t-suidheachadh mura h-atharraich a' Chomhairle a poileasaidh <p>Structar</p> <ul style="list-style-type: none"> • 'A' cumail a-mach' - tha a' chiad abairt a' cur teagamh anns na tha a' Chomhairle ag ràdh ann an seantans. Tha i an uair sin airson an fhirinn a thoirt a-mach 'S i firinn na cùise' <p>Puingeachadh</p> <ul style="list-style-type: none"> • 'tha e ceadachd do dhràibhearan-chàraichean pàirceadh orra!' Tha a' chlisg phuing air a cleachdadh gus magadh a dhèanamh air poileasaidh na Comhairle • "“slighean-rothaireachd”" - Tha na cromagan turrach a' sealltainn nach e rudeigin fìor a tha seo/nach eil i ga creidsinn/gur e ainm a-mhàin a tha ann 	2	Airson dà chomharra feumar bualadh air structar agus puingeachadh.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
6.	<p>Eisimpleirean de fhianais</p> <p>Tha i cothromach</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha i a' togail air na rudan a tha a' Chomhairle a' feuchainn ri dhèanamh (iomradh air an sgeama, agus £15 millean) a thuilleadh air na laigsean aca • -Tha i a' dèanamh choimeasan ri bailtean sa bheil bun-structair rothaireachd math, airson sealltainn nach eil na h-iarrtasan/molaidhean aice mì-reusanta • -Tha i ag aideachadh gu bheil an Òlaind nas fhreagarraiche airson rothaireachd (Tha an Òlaind gu math rèidh...) <p>Tha i mì-chothromach</p> <ul style="list-style-type: none"> • Dh'fhuiling ise tubaist is tha e follaiseach gu bheil seo air buaidh a thoirt air a beachd - tha i tòrr nas cruaidhe air a' Chomhairle • 'S e beachd gu math pearsanta a tha seo, is chan eil i a' togail air na trioblaidean eile a th' ann ri linn rothaireachd ann an Alba, me, an t-sìde • Tha i làidir na beachdan agus a' sireadh ìre àrd de ghoireasan a bhiodh doirbh don Chomhairle (ri linn staing an ionmhais)/'dràibhear gruamach' • Chan eil i a' toirt cothrom don Chomhairle freagairt a thoirt do na casaidean aice 	2	<p>Gabhar cuideachd ri freagairtean a tha a' sealltainn gu bheil gu ìre cothromach cho fad 's gu bheil fianais.</p>

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
7.	<ul style="list-style-type: none"> • Tha i a' cur eòlas pearsanta a-steach dhan argamaid aice 'Aon latha chaidh mo leagail...' airson sealltainn gu bheil i eòlach air a' chùis, a' toirt barrachd neart dhan argamaid aice • Tha i a' ceangal amasan pearsanta (nach robh mi cho fallainn...) ri cùisean sòisealta nas fharsainge (...baile a tha tric a' nochdadh aig bonn clàran-slàinte). Tha seo feumail oir tha e a' toirt oirnn a bhith dèanamh ceangal eadar ar beathannan fhèin is na cùisean seo - tha sinn nar pàirt den chuspair • Tha i a' toirt seachad seallaidhean eadar-dhealaichte, mar eisimpleir sealladh eadar-nàiseanta (an turas aice a dh'Amsterdam). Tha seo feumail dhan leughadair is sinn a' faicinn a' ghnòthaich bho shealladh nas fharsainge • Tha i a' cleachdadh àbhachd (bus mì-chàilear 's dràibhear gruamach...). Tha seo a' glacadh aire an leughadair, is fios againn gu bheil i deònach fealla-dhà a dhèanamh • Tha an tìotal Baile nam Baidhsagal? A' toirt seachad an cuspair ach a' nochdadh dhuinn gur e artaigil bheachdail a th' ann anns am bi sgrùdadh (Le ceist phuing) air a' chuspair 	2	

Stiùiridhean Comharrachaidh

Teacsa 2 –Ficsean: Bàrdachd

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
8.		<p>Ionndrainn a' bhàird airson an neach a dh'fhalbh - 'cha thill thu tuilleadh'/'tha thu far a bheil thu 's bidh' - tha an ceangal aig an neach ris a' bhàrd/ri Alba briste agus cha ghabh a chàradh</p> <p>Cianalas - tha an neach a dh'fhalbh a' faicinn Alba na bhruadairean - tha seo a' sealltainn gu bheil Alba fhathast na chridhe</p> <p>Briseadh-dùil an neach a dh'fhalbh - tha Astràilia air a dealbhadh le 'fàsaichean donna' mar àite mi-chàilear, falamh/chan eil cùisean air a dhol mar a bu mhiann leis. Tha seo an coimeas ris na faclan tlachdmhòr mu Alba mar 'aibhnichean glan''/bha e air a bhith na b' fheàrr dheth a' fuireach ann an Alba; tha 'ceòl' an sin (beatha tlachdmhor)</p>	2	

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
9.		<p>'S e e fhèin a thagh Alba fàgail agus a dhol a dh'Astràilia/'S e gluasad saor-thoileach a bh' ann, 'Rinn thu do roghainn'</p> <p>Bha fios aige gum biodh a bheatha ag atharrachadh gu tur: thagh e gluasad gu 'saoghal eile'/àite eile far am biodh a h-uile càil eadar-dhealaichte ('a' cluinntinn eòin eile')</p> <p>Bha e a' coimhead air adhart ri cultar (agus cànan) ùr, inntinneach ('a' cluinntinn eòin eile')</p> <p>Le bhith a' dèanamh a' cho-dhùnaidh seo, bha fios aige nach biodh dol air ais ann: 'Chan eil nì a bhriseas do ghealladh.'</p> <p>Ghluais e airson a bhith le cuideigin; tha e air a ràdh gur e 'gealladh' a thug air gluasad</p>	3	

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
10.	<ul style="list-style-type: none"> • Tha rudan mar ‘fàsaichean donna’, ‘thalamh tioram lom’ is an ‘duslach coimheach’ a’ riochdachadh cho falamh is cho truagh 's a tha beatha an neach seo bhon a ghluais e à Alba (‘nan aibhnichean glan’, gleanntan, beanntan’) • Tha ‘ceòl’ cudromach cuideachd. Bha ceòl aig dachaigh an duine ann an Alba: bha a bheatha sunndach. Ach, aig an deireadh, tha ‘am fonn briste’ - a’ sealltainn gu bheil an duine le briseadh-dùil/air tòrr a chall ann an Astràilia • Dh’fhaodadh an ‘sgàthan sgàint’ a bhith a’ riochdachadh droch fhortan no briseadh-dùil an fhir a dh’fhàg. Bhiodh seo a’ dèanamh ceangal agus coimeas ris na dealbhan coileanta, slàn de dh’Alba/gu bheil e a’ coimhead air ais air a’ bheatha mar a sheallas neach air fhèin ann an sgàthan 	3	Gabh ri freagairt iomchaidh eile a tha air a dearbhadh le fianais às an teacsa.

Ceist	Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
11.	<p>Eisimpleirean de fhreagairtean:</p> <p>Stoidhle</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha am bàrd a' cleachdadh stoidhle pearsanta/cànan neo-fhoirmeil 'agad' 'romhad' - tha e eòlach air an neach a dh'fhàg <p>Structar</p> <ul style="list-style-type: none"> • Ceist reatoraigeach 'Dè an t-aodann a tha thu a-nis a' faicinn ... ? Ach d' aodann fhèin' Ged is e an aon duine a th' ann, 's beag gun aithnich e e fhèin agus tha seo a' nochdadh dhuinn mar a tha an roghainn aige/Astràilia air cruth-atharrachadh a thoirt air • Stad-puing ann am meadhan an loidhne mu dheireadh anns an treas rann: 'tharraingeadh ann thu. An talamh tioram lom.' Tha e a' sealltainn cho làidir 's a bha an rud a tharraing a dh'Astràilia e - chaidh e ann a dh'aindeoin nan duilgheadasan a bhiodh roimhe <p>Comhardadh</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha comhardadh taobh a-staigh loidhne airson cuideam a chur air tarraingeachd/bòidhchead na h-Alba: 'gleanntan, beanntan' <p>Uaim</p> <ul style="list-style-type: none"> • Tha uaim air a cleachdadh 'tharraingeadh ann thu. An talamh tioram lom' gus cuideam a chur air carson a chaidh an duine ann ged a bha làn fhios aige gun robh e a' dol gu àite doirbh/Tha am bàrd a' sealltainn urram/spèis don neach airson an co-dhùnadh doirbh a rinn e • Tha an uaim ann an 'sgàthan sgàint' a' sealltainn gu bheil briseadh-dùil anns an neach a dh'fhalbh. Tha an ìomhaigh fhèin a' sealltainn briseadh/pian 	3	Gabh ri freagairt iomchaidh eile a tha air a dearbhadh le fianais às an teacsa.

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
12.		<p>Eisimpleirean de fhreagairtean</p> <p>Tha e cothromach gu ìre oir chan eil e a' cur sìos cus air Àstràilia idir - tha e dìreach a' sealltainn gu bheil an dùthaich gu math diofraichte bho Alba - 'saoghal eile'</p> <p>Tha e cothromach oir tha e a' dèanamh soilleir gun robh adhbharan aig an duine airson gluasad ann agus gur e a roghainn fhèin a bh' ann, tha faclan mar 'Rinn thu do roghainn...' agus 'chan eil nì a bhriseas do ghealladh' nan dearbhadh air a seo</p> <p>Chan eil e cothromach - Tha an dealbh air an àite gu math aon-taobhach/mì-chàilear. Chan eil sinn a' cluinntinn ach mu na rudan nach eil tarraingeach mun àite - 'an dustlach', na 'fàsaichean' - chan eil sian air a ràdh mu na rudan taitneach</p> <p>Chan eil sinn a' cluinntinn bhon neach a chaidh a dh'Astràilia idir ach dìreach bho shealladh a' bhàird fhèin is a bheachdsan air mar a tha cùisean a' dol dha</p>	2	<p>Dh' fhaodadh sgoilear cuideachd measgachadh de chothromachd is mì-chothromachd a chleachdadh nam freagairt.</p> <p>Gabh ri freagairt iomchaidh eile.</p>

Ceist		Freagairt a thathar a' sùileachadh	Comharran iomlan	Stiùireadh a bharrachd
13.		<p>Eisimpleirean de fhreagairtean</p> <p>Teachdaireachd</p> <p>Gu bheil daoine a tha a' taghadh a dhol a-null thairis airson beatha ùr ann an cunnart an dearbh-aithne fhèin a chall/gun caill iad pàirt cudromach dhiubh fhèin - an dualchas/ ceanglaichean ri dachaigh. Bidh aithreachas orra gun do dh'fhàg iad.</p> <p>Chan eil cùisean daonnan nas fheàrr air an taobh thall airson an fheadhainn a nì taghadh eilthireachd a dhèanamh ach feumar uaireannan seo a dhèanamh.</p> <p>Èifeachdas</p> <p>Tha e èifeachdach oir tha am bàrdachd a' toirt orm tuigsinn gu bheil mi fortanach a bhith a' fuireach ann an àite cho bòidheach ri Alba agus nach bu chòir dhomh a bhith a' smaoineachadh gum bi cùisean na b' fheàrr ann an suidheachadh eile.</p> <p>Chan eil e èifeachdach oir tha seo uile ann an inntinn a' bhàird. Chan eil anns an dàn ach faireachdainnean a' bhàird agus chan e an neach fhèin/Tha e ceàrr teachdaireachd a thogail air fiosrachaidhean aon neach agus an teachdaireachd sin a sparradh air daoine eile.</p>	2	<p>Gabh ri teachdaireachd/beachd air èifeachdas iomchaidh eile.</p> <p>Feumaidh fianais bhon teacsa a bhith air a chleachdadh gus taic a thoirt do fhreagairtean.</p>

[CRÌOCH STIÙIREADH CEARTACHAIDH]